

Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd –Am Bòrd Stiùiridh

'S e an Rianadair Dàta airson an fhiosrachaidh a thathar a' cruinneachadh: Sabhal Mòr Ostaig, Teanga, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ. Fòn: 01471 888 000.

A thaobh cheistean no dhraghan sam bith a th' agaibh mu mar a thathar a' cleachdadh ur dàta pearsanta, faodaidh sibh fios a chur chun an Rianaire Dìon Dàta aig gdpr@smo.uhi.ac.uk no chun an Oifigeir Dìon Dàta aig dataprotectionofficer@uhi.ac.uk.

Tha an aithris seo air prìobhaideachd a' buntainn ris na leanas:

Clàran a' Bhùird Stiùiridh

Bidh Sabhal Mòr Ostaig a' cruinneachadh agus a' cleachdadh dàta pearsanta mu dhaoine a tha air iarrrtas a chur a-steach airson a bhith nam ball dhen Bhòrd Stiùiridh gus cuideachadh leis gach pàirt dhen phròiseas airson a bhith a' taghadh bhall.

A thaobh bhall a tha air a' Bhòrd Stiùiridh, cleachdar dàta pearsanta an lùib na dàimhe a th' aca ri Sabhal Mòr Ostaig agus gus an urrainn do Shabhal Mòr Ostaig na dleastanasan oifigeil aca agus riatanasan laghail a choileanadh.

Cleachdar am fiosrachadh agaibh airson nan adhbharan seo:

Adhbhar 1: Iarrrtas airson a bhith nur Ball dhen Bhòrd	<ul style="list-style-type: none"> • Iarrrtas airson a bhith nur Ball dhen Bhòrd • A' Conaltradh ribh • Taghadh a' phannail • A' taghadh bhall airson a' Bhùird
Adhbhar 2: Ballrachd a' Bhùird, a' cur dhaoine an dreuchd agus rianachd	<p>Gach modh-obrach co-cheangailte ri bhith a' cur dhaoine an dreuchd air a' Bhòrd agus rianachd a' Bhùird, leithid:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A' Conaltradh ribh • Dleastanasan a' Bhùird • A' fàgail a' Bhùird
Adhbhar 3: Trèanadh is leasachadh	<p>Gus trèanadh is fèin-mheasadh buntainneach a chur air dòigh is a chlàradh nuair a bhios sin a dhìth agus gus atharraichean sam bith a chlàradh a thaobh leasachadh proifeiseanta, agus cuidichidh sin uile le plana leasachaidh a' Bhùird.</p>
Adhbhar 4: Gus clàran buntainneach a chruthachadh is a chumail airson a' Bhùird	<p>A' clàradh làthaireachd aig coinneamhan a' Bhùird is nan Comataidhean do Shabhal Mòr Ostaig agus aithisgean reachdail. Fiosrachadh a bheirear seachad airson chlàran-gnothaich, phàipearan agus choinneamhan.</p>
Adhbhar 5: A' faighinn airgead air ais airson chosgaisean	<p>Gus an urrainnear airgead a phàigheadh dhuibh airson chosgaisean a dh'èirich dhuibh mar Bhall a' Bhùird agus gus na suimeanan sin a chlàradh sna clàran ionmhasail.</p>
Adhbhar 6: Cunntas is seirbheisean TFC, agus tèarainteachd TFC	<ul style="list-style-type: none"> • A' toirt sheirbheisean is chunntasan TFC UHI/SMO dhuibh leithid sheirbheisean TF is fiosrachaidh (mar eisimpleir, cothrom agaibh air cunntas puist-d agus àrainneachd ionnsachaidh air-loidhne). Mar phàirt de seo, thèid ur n-ainm, agus seòladh puist-d SMO a chur ri liosta phost-d UHI air am

Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd –Am Bòrd Stiùiridh

	<p>faod gach neach-obrach is oileanach a tha mar phàirt de chom-pàirteachas UHI agus luchd-obrach HISA coimhead. Tha an liosta seo a’ cuideachadh luchd-obrach is oileanaich eile a tha airson post-d a chur thugaibh agus cuidichidh e sibhse gus fios a chur gu luchd-obrach is oileanaich eile.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha a’ bhuidheann a’ gleidheadh na còrach gus cothrom fhaighinn coimhead air no èisteachd ri faidhlichean is conaltradh a thèid a chruthachadh ann an siostaman SMO/UHI (a’ gabhail a-steach nan siostaman a gheibhear airson obair SMO) agus gheibhear fios air sin ann am Poileasaidh SMO airson a bhith a’ Cleachdadh Choimpiutairean. • A’ cumail shiostaman is lionraidhean coimpiutaireachd SMO/UHI sàbhailte is tèarainte. Tha sin a’ gabhail a-steach a bhith a’ sgrùdadh trafaig an lionra gus tachartasan amharasach a chomharrachadh agus a bhith a’ cur phost-d trèanaidh a thaobh <i>phishing</i> gu luchd-cleachdaidh (dh’fhaodadh mar phàirt de sin gun cuirear puist-d <i>phishing</i> fhudain gu luchd-cleachdaidh gus ionnsachadh dhaibh mu dheidhinn).
<p>Adhbhar 7: Sgrùdadh air co-ionannachd</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Gus sgrùdadh a dhèanamh air is taic a chumail ri co-ionannachd is eugsamhlachd taobh a-staigh Sabhal Mòr Ostaig a rèir chumhachan Achd na Co-ionannachd 2010. • Gus aithisgean, a tha a dhìth fo dhleastanasan na h-Achd, ullachadh is a mheasadh.
<p>Adhbhar 8: Aithisgean reachdail, aithisgean taobh a-staigh is taobh a-muigh na buidhne agus iarrtasan airson fiosrachadh. In-sgrùdadh agus sgrùdadh bhon taobh a-muigh.</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A’ cur dàta chun na buidhne agus gu buidhnean nàiseanta nuair a bhios sin a dhìth. • A’ dèiligeadh ri iarrtasan fo dhleastanasan laghail leithid FOI • A’ cleachdadh dàta air adhbharan sgrùdaidh
<p>Adhbhar 9: A’ dèiligeadh ri strì eadar com-pàirtean</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A’ cruinneachadh is a’ dèanamh measadh air fiosrachadh buntainneach mu shuidheachaidhean far am faodadh strì eadar com-pàirtean a bhith ann a thaobh na dreuchd agaibh mar bhall de Bhòrd Stiùiridh SMO. Bithear a’ foillseachadh fiosrachadh mu leithid a chom-pàirtean ann an Clàr Chom-pàirtean mar a dh’fheumar fon lagh. Gus cumail ri Achd nan Companaidhean agus na h-Achd an Aghaidh Brìbearachd is Coirbeachd.

'S e ar n-adhbharan laghail gus an dàta a chleachdadh:

Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd –Am Bòrd Stiùiridh

Airson nan adhbharan seo: Adhbhar 1: Iarrtas airson a bhith nur Ball dhen Bhòrd

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumaidh sinn an dàta a chleachdadh gus an urrainn dhuinn dleastanasan laghail a choileanadh. Tha dleastanasan laghail air Sabhal Mòr Ostaig fo Achd an Fhoghlaim Adhartaich is Àrd-ìre (Alba) gus Buill a' Bhùird a chur an dreuchd. Feumar am fiosrachadh pearsanta agaibh a chleachdadh gus na dleastanasan sin a choileanadh.

Airson nan adhbharan seo: Adhbhar 2: Ballrachd a' Bhùird, a' cur dhaoine an dreuchd agus rianachd

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumaidh sinn an dàta a chleachdadh gus an urrainn dhuinn dleastanasan laghail a choileanadh. Tha dleastanasan laghail air Sabhal Mòr Ostaig fo Achd an Fhoghlaim Adhartaich is Àrd-ìre (Alba) gus Buill a' Bhùird a chur an dreuchd. Feumar am fiosrachadh pearsanta agaibh a chleachdadh gus na dleastanasan sin a choileanadh.

Airson nan adhbharan seo: Adhbhar 3: Trèanadh is leasachadh

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumaidh sinn an dàta a chleachdadh gus an cùmhnant a th' againn leibh a choileanadh. 'S e sin an dreuchd a th' agaibh mar Bhall de Bhòrd Stiùiridh Sabhal Mòr Ostaig agus na riatanasan riaghlaidh co-cheangailte ri sin.

Airson nan adhbharan seo: Adhbhar 4: Gus clàran buntainneach a chruthachadh is a chumail airson a' Bhùird

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumaidh sinn an dàta a chleachdadh gus dleastanasan laghail a choileanadh leithid a' clàradh làthaireachd Buill a' Bhùird airson na h-aithris bliadhna.

Airson nan adhbharan seo: Adhbhar 5: A' faighinn airgead air ais airson chosgaisean

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh:

- 1) Feumaidh sinn an dàta a chleachdadh gus an cùmhnant a th' againn leibh a choileanadh. 'S e sin an dreuchd a th' agaibh mar Bhall de Bhòrd Stiùiridh Sabhal Mòr Ostaig.
- 2) Feumaidh sinn an dàta a chleachdadh gus dleastanasan laghail a choileanadh leithid a' clàradh ghluasadan airgid.

Airson nan adhbharan seo: Adhbhar 6: Cunntas is seirbheisean TFC, agus tèarainteachd TFC

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh:

- 1) Feumaidh sinn an dàta a chleachdadh gus obair a dhèanamh a tha a chum leas a' phobaill no a nì sinn fon ùghdarras oifigeil a chaidh a thoirt dhuinn. Sin obair phoblach Sabhal Mòr Ostaig mar ionad foghlaim is rannsachaidh agus a' cumail ar lìonraidhean tèarainte.
- 2) Feumaidh sinn an dàta a chleachdadh gus dleastanasan laghail a choileanadh: a' cumail lìonraidhean is shiostaman sàbhailte gus cumail ri laghan dìon dàta agus dleastanasan eile.

Airson nan adhbharan seo: Adhbhar 7: Sgrùdadh air co-ionannachd

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumaidh sinn an dàta a chleachdadh gus dleastanasan laghail a choileanadh leithid nan dleastanasan a gheibhear fo Achd na Co-ionannachd 2010.

Bidh sinn a' cleachdadh dàta de sheòrsa sònraichte airson an adhbhair seo, 's e a th' anns an dàta seo: cinneadh, freumhan cinneachail, slàinte, taobh gnèitheasach.

Bidh sinn a' cleachdadh an dàta seo airson an adhbhair seo fo na cumhachan a leanas a tha co-cheangailte ri dàta de sheòrsa sònraichte: Feumar a chleachdadh gus cumail ri laghan dìona sòisealta, agus airson adhbharan reachdail a tha a chum leas a' phobail, agus leis an adhbhar seo 's e sin dleastanasan laghail Sabhal Mòr Ostaig fo Achd na Co-ionannachd 2010 gus sgrùdadh a dhèanamh air is piseach a thoirt air co-ionannachd a thaobh chothroman agus mar a thèid dèiligeadh ri daoine.

Airson nan adhbharan seo:

Adhbhar 8: Aithisgean reachdail, aithisgean taobh a-staigh is taobh a-muigh na buidhne agus iarrtasan airson fiosrachadh. In-sgrùdadh agus sgrùdadh bhon taobh a-muigh.

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumaidh sinn an dàta a chleachdadh gus dleastanasan laghail a choileanadh leithid nan dleastanasan a gheibhear fo Achd na Co-ionannachd 2010.

Bidh sinn a' cleachdadh dàta de sheòrsa sònraichte airson an adhbhair seo, 's e a th' anns an dàta seo: cinneadh, freumhan cinneachail, slàinte, taobh gnèitheasach.

Bidh sinn a' cleachdadh an dàta seo airson an adhbhair seo fo na cumhachan a leanas a tha co-cheangailte ri dàta de sheòrsa sònraichte: Feumaidh sinn a chleachdadh gus cumail ri laghan dìona sòisealta, agus leis an adhbhar seo 's e sin na dleastanasan a gheibhear fo Achd na Co-ionannachd 2010. Bidh sinn ag ullachadh aithisgean stèidhichte air dàta gun urra a sheallas mar a tha sinn a' cumail ri Achd na Co-ionannachd 2010 agus leis an urrainnear sgrùdadh a dhèanamh air ar n-ìrean coileanadh a thaobh sin.

Airson nan adhbharan seo:

Adhbhar 9: A' dèiligeadh ri strì eadar com-pàirtean

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumar dàta a chleachdadh gus dleastanasan laghail a choileanadh leithid nan dleastanasan a gheibhear fo Achd nan Companaidhean agus fon Achd an Aghaidh Brìbearachd is Coirbeachd.

Mura toireadh sibh fiosrachadh pearsanta seachad a tha a dhìth oirnn airson nam pròiseasan seo, seo na thachradh:

Chan fhaodadh sibh a bhith nur Ball dhen Bhòrd Stiùiridh thoradh cha b' urrainn do Shabhal Mòr Ostaig na riathanasan riaghlaidh aca a choileanadh

Thèid, no 's dòcha gun tèid, ur dàta a cho-phàirteachadh leis an luchd-fhaotainn no na seòrsaichean luchd-faotainn a leanas:

- Riaghaltas na h-Alba
- Colaistean na h-Alba

Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd –Am Bòrd Stiùiridh

- Taigh nan Companaidhean
- Riaghladair Bhuidhnean-carthannais na h-Alba (OSCR)
- Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (SFC)
- Mar bhall dhen Bhòrd, thèid strì sam bith eadar com-pàirtean a dh'ainmicheas sibh fhoillseachadh air-loidhne a rèir mar a dh'fheumar fo laghan buntainneach. Mar phàirt de sin dh'fhaodadh gum foillsichear earrainnean is com-pàirtean ionmhasail a dh'fhoillsicheas sibh. Mura h-innis sibh dhuinn mu chom-pàirtean mar a bu chòir, dh'fhaodadh gun tèid fios a chur gu buidhnean buntainneach.
- Dh'fhaodadh gun co-phàirtichear dàta pearsanta riatanach le buidhnean laghail, riaghlaidh agus reachdail mar a dh'fheumar fon lagh, riaghailtean riaghlaidh no ma tha e a chum leas brìoghmhor a' phobaill sin a dhèanamh.
- Metacompliance: airson a bhith a' toirt sheirbheisean tèarainteachd is trèanaidh TFC seachad (a' gabhail a-steach phost-d trèanaidh a thaobh *phishing*)
- Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean mar ionad foghlaim com-pàirteach.

Cha bhithear a' cur an dàta agaibh gu àite sam bith taobh a-muigh an Aonaidh Eòrpaich an lùib a' phròiseas seo.

Cumar an dàta agaibh airson na h-ùine a leanas:

Mura tèid ur cur an dreuchd mar Bhall a' Bhùird, thèid an dàta agaibh a chumail le Rùnaire a' Bhùird airson suas ri 6 mìosan, aig a' char as fhaide, seachad air a' cheann-latha airson iarrtasan.

Ma thèid ur cur an dreuchd, cumaidh Sabhal Mòr Ostaig an dàta agaibh airson:

- Ùine na seirbheis agaibh agus 2 bhliadhna às dèidh sin.
- Cumar clàran ionmhasail airson 7 bliadhna.
- Thèid clàran, a chaidh a chruthachadh (mar a gheibhear fo adhbhar 4), a chumail gu maireannach.
- 'S dòcha gun tèid ur n-ainm is dealbh a chumail ann an tasglann air sgàth 's gu bheil luach eachdraidheil annta do Shabhal Mòr Ostaig.

Seo na còraichean a th' aig na daoine ris am buin an dàta:

- A' chòir gus cothrom fhaighinn air an dàta phearsanta agaibh
- A' chòir gus a cheartachadh ma tha mearachdan san dàta phearsanta a th' againn mur deidhinn
- A' chòir gus mar a chleachdar an dàta phearsanta agaibh a chuingealachadh

Tha na còraichean a leanas agaibh dìreach ann an cuid a shuidheachaidhean:

Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd –Am Bòrd Stiùiridh

- A’ chòir gus an cead agaibh a tharraing a thaobh a bhith a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh nuair a tha sinn a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh air an stèidh laghail, gun d’ fhuair sinn ur cead
- A’ chòir gus cur an aghaidh mar a tha sinn a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh
- A’ chòir gus iarraidh oirnn an dàta phearsanta agaibh a dhubhadh às
- A’ chòir air dàta a bhios so-ghiùlan

Cuideachd, tha a’ chòir agaibh gus gearan a thogail le Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh mu mar a chleachd sinn ur dàta.

’S e a th’ ann an Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh, ùghdarras neo-eisimeileach na RA a chaidh a stèidheachadh airson dìon a chur air còraichean fiosrachaidh a chum leas a’ phobaill. Seo an làrach-lìn aca www.ico.org.uk